

## **Lèirmheas Bhliadhnail 2023**

### **FÀILTE GU AR LÈIRMHEAS BHLIADHNAIL**

Fàilte gu Lèirmheas Bhliadhnail Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba 2023, 's a bheil sinn a' toirt sùil air ar gnìomhan is na choilean sinn anns na 12 mìosan a chaidh thar ar cruinneachaidhean, ar daoine, ar prògraman agus ar ceithir taighean-tasgaidh nàiseanta.

Nar lèirmheas am-bliadhna tha sinn a' meòrachadh air a' chuspair 'ceanglaichean', a tha air fhighe tro ar n-obair uile. Aig ar cridhe tha an Cruinneachadh Nàiseanta, a tha gar ceangal ri daoine, cultaran, coimhearsnachdan agus taighean-tasgaidh eile. Agus, tro na taighean-tasgaidh againn fhìn, tha an Cruinneachadh Nàiseanta a' cuideachadh ar luchd-tadhail gus ceangal a dhèanamh ris an dualchas againn, agus beachdachadh air ceistean mu àite, dearbh-aithne agus an àrainneachd.

Innsidh an Lèirmheas seo mu chuid den obair a rinn sinn o chionn ghoirid gus ceanglaichean a thogail agus àrach air feadh na h-Alba, na Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta. Ge bith an ann tro nithean a thoirt air iasad agus taisbeanaidhean a chur air feadh an t-saoghail, no tro chom-pàrteachasan le buidhnean coimhearsnachd agus ionadan eile, chaidh againn air sgeulachdan ùra fhoillseachadh agus an Cruinneachadh Nàiseanta a thoirt gu luchd-amais eadar-dhealaichte.

Ann an aon de na h-amannan ceangail as cumhachdaiche a bh' againn, chaidh crann cuimhneachaidh a thugadh a dh'Alba faisg air ceud bliadhna air ais a thilleadh chun àite às an tàinig e, Gleann Nass anns an àite ris an canar Columbia Bhreatannach an-diugh, mar thoradh air deasbad fad bliadhna agus co-obrachadh dlùth le Nàisean Nisga'a.

Le bhith a' conaltradh ri luchd-ealain gus obraichean a chruthachadh airson ar taisbeanaidhean, thog sinn aire mu cho cudromach 's a tha seasmhachd agus a' bhuaidh a tha aig atharrachadh gnàth-thìde. Tron Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh, thug sinn tabhartasan seachad gus cruinneachaidhean bhuidhnean air feadh na h-Alba a leasachadh.

Chan eil an seo ach sampall den obair iongantach a rinn ar co-obraichean thar na bliadhna a dh'fhalbh, a dh'aindeoin nan iomadh dùbhlàn leantainneach a tha romhainn mar bhuidheann. Tha an Lèirmheas seo a' nochdadh agus sinn a' comharrachadh 25 bliadhna bho chaidh Taigh-tasgaidh na h-Alba fhosgladh. A' sealltainn air adhart ris an obair a tha sinn an dòchas a dhèanamh thar nan ath 25 bliadhna, tha sinn a' cur cheistean duilich oirnn fhìn a thaobh mar as urrainn dhuinn fhathast a bhith èifeachdach tro aon de na suidheachaidhean ionmhais as duilghe a dh'fhuiling roinn an dualchais is a' chultair a-riamh.

Cha bhiodh dad den obair againn comasach às aonais na taice a gheibh sinn bho Riaghaltas na h-Alba agus luchd-maoineachaidh eile, luchd-tabhartais, luchd-taice, buill agus saor-thoilich. Mòran taing don h-uile duine a chuidich sinn thar na bliadhna a dh'fhalbh a bharrachd air a h-uile duine a tha air a bhith an sàs anns na taighean-tasgaidh agus ar n-obair. Agus feumar taing shònraichte a thoirt don luchd-obrach iongantach againn, às aonais an dealais, an cruthachalachd agus an dìoghras, cha b' urrainnear seo idir a thoirt gu buil.

Iain Ruiseal CBE

Cathraiche

Dr Chris Breward

Stiùiriche

### **A' BHLIADHNA ANN AN ÀIREAMHAN**

3,023,013 tadhal air ar taighean-tasgaidh

6579 Ballrachdan

2,700,000 luchd-tadhail air-loidhne

1,569 nithean air an deach dealbh a thogail

101 artaigilean iris, caibideilean ann an leabhraichean agus gnothaichean co-labhairt foillsichte fo sgrùdadh eòlaichean,

£481,645 de mhaoineachadh rannsachaidh air a thoirt seachad, eadar ochd duaisean ùra air am maoineachadh bhon taobh a-muigh

Chuir ar 167 saor-thoileach gu mòr ri ar n-obair le bhith a' ruith thurasan, a' cuideachadh cho-obraichean agus a' cuideachadh aig tachartasan fa leth.

258,302 luchd-leantainn air meadhanan sòisealta

417 nithean air an tasgadh

48 iasadan ùra gu 11 ionadan air feadh an t-saoghail

## **Nithean ùra**

Tha na nithean as ùire a tha sinn air trusadh air cuideachadh le bhith a' neartachadh ar cruinneachaidh agus a' toirt comas dhuinn air sgeulachdan ùra innse

Meall-claidheimh òir

Tha meall-claidheimh òir anabarrach tearc bho thràth sna Meadhan-aoisean a chaidh a lorg o chionn ghoirid faisg air Sruighlea a-nis na phàirt den chruinneachadh againn. Rinneadh e timcheall air 700 AD sgeadaichte le filigree òir, agus tha e a' nochdadh àm nuair a bha moitifean agus dòighean saothrachaidh gan toirt còmhla à Sasainn, Alba agus Èirinn.

Cruinneachadh crèadhadaireachd Hale

Fhuaras cruinneachadh de cheudan de dh'obraichean crèadhadaireachd Tōhoku dèanta le làimh bho ear-thuath Iapan airson a' Chruinneachaidh Nàiseanta. Chaidh an cruinneachadh gun samhail seo a tha a' riochdachadh saothair thar còrr is 2,000 bliadhna a thrusadh le Anna agus Dàibhidh Hale, a dh'fhàs anabarrach measail air an dòigh-ealain fhad 's a bha iad a' fuireach ann an Iapan. Leis a' chrèadhadaireachd seo na lùib, tha an cruinneachadh againn na ghoireas luachmhor air thùs san t-saoghal do luchd-rannsachaidh ann an crèadhadaireachd Tōhoku agus Mingei (ciùird no ealain dhùthchail). Is e tabhartas pàirteach

a th' anns an trusadh mar thoradh air fialaidheachd Hales, le taic-airgid bho Thochradh Lindsay bho Urras Carthannach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

### Cathair an Neach-labhairt

Ann an 1979, chaidh seann Àrd-sgoil Rìoghail Dhùn Èideann a chomharrachadh mar dhachaigh Seanadh ùr na h-Alba a bha san amharc agus chaidh an seòmar-deasbaid a dheasachadh ron bhòt le cathair an Oifigeir-riaghlaidh. Cha deach an togalach a chleachdadh a-riamh mar phàrlamaid ùr ged-thà oir cha do bhòt an dùthaich airson fèin-riaghladh, agus tha a' chathair fhiodha agus leathair a-nis againne.

### Crùn na Bana-phrionnsa Bige

Chaidh an crùn òir ealanta seo a chruthaich Seeun Kim, seudair à Korea, a thoirt dhuinn mar urram do oide an neach-ealain. Tha Crùn na Bana-phrionnsa Bige na mhìneachadh ùr-nodha air ceann-bheart Manchu Sìneach, air a dhèanamh le òr phleatach agus seudan leth-luachmhor. Fhritheil Seeun Kim Colaiste Rìoghail na h-Ealain ann an Lunnainn, far an d' fhuair i teagasg bhon oide Albannach aice. Tha an obair aice a' measgachadh dòighean traidiseanta obair-mheatailt le dòigh-obrach gun samhail airson uachdaran le inneach finealta a chruthachadh agus tha e a' cuimseachadh air cultaran a cheangal ri chèile.

### Lewis an tarbh

Tha Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail air fàilte a chur air Lewis, an tarbh Gàidhealach, chun an tuathanais aca. Airson teachd Lewis a chomharrachadh, chaidh slighe teaghlaich ùr a stèidheachadh ann am Beurla agus Gàidhlig gus an cànan a nochdadh do luchd-tadhail fhad 's a bha iad ag ionnsachadh barrachd mu nithean agus traidiseanan tuathanachais.

### Einnsean Boeing 747

Fhuair Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-itealaich einnsean Boeing 747 a thòisich iad a' taisbeanadh sa Ghiblean 2023. Cuidichidh einnsean turbofan Rolls Royce RB211-524H, 's a bheil cuideam de mu 6.5 tunna, le bhith ag innse sgeulachd an itealain Boeing 747, a chaidh air sgèith an toiseach ann an 1969 agus a thug cruth-atharrachadh air siubhal adhair thar astaran mòra.

### Èideadh Gàidhealach an latha an-diugh

Tha cruinneachadh ùr de dh'èideadh Gàidhealach an latha an-diugh a' cuideachadh le bhith ag innse mar a thathas a' cleachdadh agus ag atharrachadh breacan traidiseanta san 21mh linn. Tha na h-ochd trusgain agus an sgeadachadh traidiseanta a' toirt sealladh dhuinn air an raon de dhòighean a tha an t-èideadh nàiseanta ga dhèanamh 's ga chaitheamh an-diugh. Tha na fhuaras mar thoradh air pròiseact còig-bliadhna le taic bho Urras Uilleim Ghrannnd a tha air leantainn gu rannsachadh ùr air ar cruinneachadh de bhreacan eachdraidheil agus èideadh Gàidhealach.

### Ichthyosaur Diurasach

Fhuaras fosail iongantach de dh'ichthyosaur bho chreagan na linne Dhiurasaich san Eilean Sgitheanach airson nan cruinneachaidhean palaeo-bitheòlais. A' tasgadh cnàmhan a' chlaiginn, a bha sgapte, gu snasail còmhla ri mòran eileamaidean bhon chòrr den bhodhaig, tha coltas gu bheil am fosail ùr a' riochdachadh genus agus gnè gu tur ùr. Chaidh a chruinneachadh le Mark Hawkes bho bhlocaichean sgaoilte a bha air tuiteam bho na creagan ann am Bàgh Bheararaig ann an 1999 agus tha e nar rùn gum bi e na bhunait do phròiseact oileanach dotaireil.

### Mannequinean ann an cruthan ùra

Chaidh mannequinean ùra a chur a-steach ann an gailearaidh Fasan is Stoidhle Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba gus raon nas fharsainghe de sheòrsaichean bodhaige a riochdachadh. Chaidh na modalan ùra a dhèanamh le diofar tònnaichean craicinn agus ann an diofar chruthan gus iomadachd sa chomann-shòisealta a nochdadh nas fheàrr.

### **Taisbeanaidhean agus tachartasan**

Shiubhail na taisbeanaidhean againn tro fhànas agus ùine, chuir iad a' phrosbaig air seòrsa dreasa ainmeil agus rannsaich iad beatha iongantach

Rannsaich Doctor Who Worlds of Wonder an saidheans air cùl an t-sreath telebhisean ainmeil agus thug e cothrom do luchd-tadhail eòlas fhaighinn air turasan an Dotair bho shealladh saidheansail.

Ruith an taisbeanadh innleachdail bhon Dùbhlachd 2022 gu Cèitean 2023 a' toirt a-steach ochd sònnaichean a' còmhachadh taghadh eadar-mheasgte de chuspairean. Fhuair Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba taic bho chluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh gus an taisbeanadh a stèidheachadh.

Anns an luchar 2023, dh'fhosgail Beyond the Little Black Dress, a' sgrùdadh cumhachd radaigeach an dath dubh ann am fasan.

Bho chlasaigean dealbhaidh gu èideadh ùr-nodha, thug an taisbeanadh, a fhuair taic bho Mhanaidsearan Tasgaidh Baillie Gifford, 65 sealladh iongantach ri chèile bho chruinneachaidhean agus luchd-dealbhaidh air feadh an t-saoghail.

Rannsaich e mar a b' urrainn don dreasa bheag dhubh a bhith, aig an aon àm, a' riochdachadh stuamachd agus strìopachas, urram agus ar-a-mach; bhon èideadh cocktail spaideil a bh' aca tràth san 20mh linn chun an leathair agus an latex aig muinntir nam fo-chultaran punc is fetish.

Dheasaich an neach-glèidhidh air aoigheachd, an Dr Sequoia Barnes, an roinn Black Futures, a chomharraich luchd-dealbhaidh Breatannach Dubha aig a bheil obair a' sgrùdadh an dà chuid Blackness a thaobh dearbh-aithne, agus a' phàirt a tha aig an dath dubh ann a bhith a' cruthachadh bòidhchead Afrofuturistic.

Bha fasan cuideachd fon phrosbaig ann am Bernat Klein: Design in Colour, a rannsaich beatha agus obair aon den phrìomh luchd-stiùiridh san 20mh linn ann an dealbhadh Modarnach anns a' cheud bliadhna bho rugadh e.

Bha aodach, clò-fighte agus dealbhan anns na dathan beòthail ùr-ghnàthach aige rim faicinn anns an taisbeanadh a ruith bhon t-Samhain 2022 chun Ghiblean 2023.

San Ògmhios 2023, chaidh Dearbhadh Obar Bhrothaig a thaisbeanadh don phoball airson a' chiad uair ann an 18 bliadhna. Chan urrainnear an sgrìobhainn shuaicheanta, bhrisg a tha 700 bliadhna a dh'aois, fo chùram agus glèidhte dha na ginealaichean ri teachd le Clàran Nàiseanta na h-Alba, a thaisbeanadh ach bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gum mair i san fhad-ùine.

Chaidh na blocaichean togail ainmeil LEGO® a chomharrachadh le Brick History and Awesome Bricks aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Bha spòrs aig na tachartasan a' toirt a-steach cothrom do luchd-tadhail an carbad LEGO® aca fhèin a dhealbadh, a thogail agus a rèiseadh, agus modailean iongantach fhaicinn a' nochdadh amannan cudromach ann an eachdraidh an t-saoghail, bhon Spreadhadh Mhòr gu lorg DNA.

Chaidh tursan ùra a thòiseachadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, a thug luchd-tadhail air cùl ghnòthaichean anns an Hangar Glèidhteachais, a' toirt cothrom dhaibh ionnsachadh mu na pròiseasan a tha an lùib a bhith a' glèidheadh agus a' cumail suas nan

cruinneachaidhean agus a' faicinn itealain ùra agus nithean nach àbhaist a bhith air an taisbeanadh.

San t-Sultain 2022 thòisich sinn Tractor Tots aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail, sreath de sheiseanan seinn mothachail spòrsail dha clann fo aois còig agus inbhich còmhla riutha a bheir eòlas dhaibh air beatha dhùthchail tro chluich cruthachail eadar-ghnìomhach. Bha spòrs aig teaghlaichean cuideachd air an tuathanas le Woolly Weekend. A' tachairt sa Chèitean 2023, bha e a' tabhann taisbeanaidhean snìomh, rùsgadh chaorach agus cothrom coinneachadh ri alpaca.

### **A' tarraing luchd-amais**

Tha na taighean-tasgaidh againn nan àiteachan far a bheil fàilte air a h-uile duine agus far am faod sinn uile ceangal a dhèanamh ris an eachdraidh cho-roinnte againn

Ann an com-pàirteachas le SCORE Alba, bhon Ghiblean chun an Iuchair 2023 thug sinn a-steach buidheann de dhaoine òga do roinn Black Futures de Beyond the Little Black Dress, a' cleachdadh bhùthan-obrach fo stiùir luchd-ealain agus turas treòraichte le neach-glèidhidh an taisbeanaidh, an Dr Sequoia Barnes, gus an cuideachadh a' sgrùdadh an dealbhaidhean fhèin.

Nochd pròiseact air-loidhne sealladh ùr air cuid de na nithean glèidhte againn le bhith a' sgrùdadh na tha iad a' ciallachadh do bhuill na coimhearsnachd LGBTQIA+. Tha Orientations na mheasgachadh de ghuthan nach cluinnte gu leòr ann an eachdraidh na mòrchuid agus tha e a' sgrùdadh mar as urrainn do na nithean againn taobhan de dhearbhaithne a nochdadh tro shreath de bhlogan air an làrach-lìn againn.

Ann an a' Gherran 2023 dh'obraich sinn còmhla ri daoine òga gus ar slighe LGBTQIA+ Hidden Histories a leasachadh agus a leudachadh. Air a stiùireadh le Sanctuary Queer Arts ann an com-pàirteachas le Òigridh LGBT Alba, thug a' bhuidheann beachdan cruthachail seachad mu nithean air an t-slighe, molaidhean airson rudan ùra a chur ris agus film, Queer Voices in the Museum a chaidh a chur air bhog aig àm Pride Dhùn Èideann.

Bha sinn nar pàirt de cho-obrachadh brosnachail a thug cothrom do 20 neach òg às na h-Innseachan agus Alba taisbeanadh clò-bhualaidh a chruthachadh ann an Ahmedabad, New Delhi agus Dùn Èideann. Air a leasachadh le Edinburgh Printmakers agus Flow India agus air a mhaoineachadh le Comhairle Bhreatainn, chuidich Future Flow com-pàirtichean gus sgilean a leasachadh fhad 's a bha iad a' meòrachadh air eachdraidh na h-Alba agus nan Innseachan agus a' togail dhàimhean airson an ama ri teachd.

Nochd South Asian Stories mar thoradh air an obair leantainn againn le Networking Key Services agus coimhearsnachd Àisia a Deas. Air a mhaoineachadh le Urras Carthannach Nancie Massey, chunnaic am pròiseact còrr air 200 ball de choimhearsnachd Àisia a Deas ann an Dùn Èideann a' rannsachadh agus a' dol an sàs le ar cruinneachaidhean Àisianach a Deas agus ag obair còmhla ri luchd-glèidhidh gus slighe agus duilleag-lìn a chruthachadh.

Gus barrachd ruigsinneachd air na taighean-tasgaidh againn a bhrosnachadh, chaidh roinn ballrachd ùr a thoirt a-steach do dhaoine le ciorram. Tha a' phrìs lùghdaichte a' còmhach aon inbheach ciorramach agus neach-cùraim no companach. Tha mìneachadh BSL agus B/bodhar a' sìor dhol am meud thar ar làraich agus prògraman. Chaidh Fèis Bhodhar Dhùn Èideann a chur air bhog aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba san Ògmhios 2023 agus san Lùnastal thabhainn sinn turas BSL fo stiùir dhaoine Bodhar timcheall air Anatomy: A Matter of Death and Life aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Thugadh £20,000 gu Tasglannan, Gailearaidh is Taighean-tasgaidh Obar Dheathain mar thaic do thrusadh dealbh ann an ola, Vessie Owens, 1940, le Seumas McBey. Tha aon de na cruinneachaidhean as motha de shaothair-ealain agus stuthan eile co-cheangailte ris an neach-ealain a rugadh ann an Siorrachd Obar Dheathain aig an Taigh-tasgaidh.

Annas a' Ghearran 2023 rinn sinn pileat air sreath de chuirtean ùra do luchd-imrich, ag obair ann an com-pàirteachas le Help Ukraine Scotland agus The Welcoming gus imrichean, fògarraich agus luchd-siridh comraich a thoirt an lùib nan cruinneachaidhean againn, air an stiùireadh le ar luchd-glèidhidh.

Tha sinn air ùrlaran ùra a chleachdadh gus luchd-tadhail a chuideachadh a' faighinn nas fhaisge air na cruinneachaidhean againn. Chaidh turas claisneachd timcheall Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' mìneachadh barrachd mu chuid de na stuthan as measail againn fhoillseachadh air an app Smartify. Tha an t-slighe claisneachd 45-mionaid a' nochdadh 15 stadan eadar-dhealaichte timcheall an Taigh-tasgaidh, bhon chlaigeann muc-mhara anns a' Ghaileiridh Mhòr suas gu barraid a' mhullaich.

## **Taic don roinn**

Le bhith a' roinneadh ar n-eòlais, bidh sinn a' neartachadh roinn nan taighean-tasgaidh ann an Alba agus a' doimhneachadh ar dàimhean le buidhnean eile

### **Seachdain Matamataig na h-Alba**

Tha Seachdain Matamataig na h-Alba, air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus air a cho-òrdanachadh le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, na seachdain shònraichte de thachartasan agus ghnìomhan, le taic bho phrògram fad na bliadhna, a' brosnachadh dol an sàs le matamataig. Ghabh 83,562 sgoilear bho 308 sgoil anns gach ùghdarras ionadail air feadh na h-Alba pàirt ann, le 13 taighean-tasgaidh an sàs. A' gabhail àite bho 26 Sultain – 2 Dàmhair 2022, b' e Bòidhchead Matamataig an cuspair, a' soilleireachadh taobhan cruthachail is brosnachail matamataig agus a' brosnachadh rannsachadh air a' chuspair anns na h-ealain chruthachail.

### **Prògram Trèanaidh Nàiseanta**

Thug am Prògram Trèanaidh Nàiseanta againn, a tha a' tabhann eòlas chruinneachaidhean an-asgaidh agus trèanadh sgilean do luchd-obrach agus saor-thoilich ann an taighean-tasgaidh air feadh na h-Alba, 300 eòlas ionnsachaidh do luchd-obrach agus saor-thoilich ann an 64 taighean-tasgaidh air feadh na h-Alba, a' toirt a-steach bùthan-obrach air smachd air biastagan agus fuigheall daonna arc-eòlais.

### **Maoin Nàiseanta airson Trusadh**

Thug a' Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh, a tha air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus air a ruith le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, seachad 50 tabhartas luach còrr air £204,000, a' cuideachadh le bhith a' leasachadh cruinneachaidhean 31 buidhnean air feadh na h-Alba. Nam measg bha:

- £5,985 do Thaighean-tasgaidh Ghlaschu gus coilear shìoda is chotain fhaighinn a bha air a dhealbhadh agus air a dhèanamh le Anna NicBheatha, c1901-02. Mar aon den bhuidhinn luchd-ealain ris an canar Clann-nighean Ghlaschu, bha NicBheatha na tidsear aig Sgoil Ealain Ghlaschu agus na ball gnìomhach de ghluasad còir-bhòtaidh nam ban.
- £20,000 gu Tasglannan, Gailearaidh is Taighean-tasgaidh Obar Dheathain gus taic a thoirt do thrusadh dealbh ann an ola, Vessie Owens, 1940, le Seumas McBey. Tha aon de na cruinneachaidhean as motha de shaothair-ealain agus stuthan eile co-cheangailte ris an neach-ealain a rugadh ann an Siorrachd Obar Dheathain aig an Taigh-tasgaidh.
- £3,352 gu Ionad Dualchais Stèisean Adhair Mhontròis gus taic a thoirt do chosgais gluasaid itealan Tornado a thugadh seachad le Dualchas Feachd an Adhair Rìoghail. Bha an itealan aig Sguadran Adhair 2 – a bha stèidhichte aig Stèisean Adhair Mhontròis – gu 2017.

Bàta-loga Carpow

Chaidh am bàta-loga bho Linn an Umha, a shnaigheadh bho aon stoc craibhe daraich agus a bha air a thìodhlaiceadh air bruaichean Abhainn Tatha airson 3,000 bliadhna, tro bhliadhna de dh'obair glèidhteachais aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Bhathas a' taisbeanadh bàta-loga Carpow ann an Taigh-tasgaidh agus Gailearaidh Ealain Pheairt bho 2015, nuair a chaidh a thrusadh le taic bhon Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh agus bidh e na prìomh thaisbeanadh aig Taigh-tasgaidh ùr Pheairt nuair a dh'fhosglaas e as t-earrach 2024.

Exchange: Rannsachadh Chruinneachaidhean fo stiùir Coimhearsnachd

Leasaich an co-phròiseact seo le Taighean-tasgaidh Rìoghail Greenwich agus com-pàirtichean taigh-tasgaidh is coimhearsnachd air feadh Shasainn is na h-Alba ar dòigh-obrach cho-roinnte a thaobh obair le coimhearsnachdan gus cruinneachaidhean le eachdraidh colonachaidh agus ìmpireachd a thuigsinn agus a mhìneachadh nas fheàrr. Air a mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaidh nan Ealain is nan Daonnachdan (AHRC), fhuair taighean-tasgaidh agus coimhearsnachdan eilthireach Àisia a Deas, Afraga agus a' Charibbean taic gus rannsachadh chruinneachaidhean a dhèanamh fo stiùir coimhearsnachd. Chaidh am pròiseact a leudachadh sia mìosan bhon Dùbhlachd 2022 gus taic a thoirt do cheathrar chom-pàirtichean airson ruigsinneachd air an rannsachadh aca a chur am meud agus gus trèanadh agus cothroman iomlaid eòlais a thoirt do thaighean-tasgaidh agus com-pàirtichean coimhearsnachd airson an obair seo a chumail suas.

Rinn am pròiseact aithisg a' toirt geàrr-chunntas air na seachd pròiseactan, a mhaoinich Exchange air feadh na RA, le naoi molaidhean airson com-pàirteachadh nas cothromaiche.

## **Obair eadar-nàiseanta**

Tha co-obrachadh le com-pàirtichean air feadh an t-saoghail gar cuideachadh gus ceanglaichean nas làidire a thogail agus ar sgeulachdan a cho-roinn air feadh na cruinne

Chaidh crann cuimhneachaidh a thugadh a dh'Alba faisg air ceud bliadhna air ais a thilleadh chun àite às an tàinig e, Nàisean Nisga'a anns an àite air a bheil Columbia Bhreatannach an-diugh, san t-Sultain 2023. Chaidh Crann Cuimhneachaidh Taigh Ni'isjoohl a shnaigheadh le làimh agus tha e air a bhith ga thaisbeanadh ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba bho 1930.

Anns an Lùnastal 2023, shiubhail buidheann-riochdachaidh de theaghlaichean agus luchd-taic bho Riaghaltas Nisga'a Lisims gu Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba gus sùil a chumail air tilleadh a' Chrainn. Chaidh cuirm spioradail dùinte a chumail gus ullachadh airson a thurais dhachaigh.

Tha an crann 11 meatairean a dh'àirde, tha tunna meatrach de chuideam ann agus tha e ann an cunnart briseadh, a' ciallachadh gu robh gnothach a thilleadh dhachaigh anabarrach toinnte. Chaidh cruinneachaidhean a ghluasad agus gailearaidhean a thoirt a-nuas gus am biodh e comasach a thoirt às an Taigh-tasgaidh gu sàbhailte.

Chaidh an crann a thoirt a Chanada le Feachd Adhair Chanada. Chaidh cuirm ruighinn agus fàilte phoblach a chumail aig Hli Goothl Wilp-Adokshl Nisga'a – Taigh-tasgaidh Nisga'a – san t-Sultain 2023, agus às dèidh sin chaidh a chur na sheasamh ann an taisbeanadh poblach.

## Taisbeanaidhean siubhail

Dh'fhosgail an taisbeanadh siubhail againn *Monkeys - A Primate Story* aig a chòigeamh ionad eadar-nàiseanta aige, Taigh-tasgaidh Eachdraidh Nàdarra na Danmhairg ann an Copenhagen, sa Chèitean 2023. A' sgrùdadh saoghal iongantach nam prìomhaidean, tha an taisbeanadh a' toirt tacsonamaidh beò agus a' fiathachadh luchd-tadhail coinneachadh ri sinnsearan prìomhaideil, agus apaichean is muncaidhean an latha an-diugh.

## Iasadan eadar-nàiseanta

Chaidh sgiath agus dà chlub a thoirt air iasad do Leabharlann Stàite New South Wales airson an taisbeanadh aca *Wadgayawa Nay Dhadjan Wari* ("rinn iad iad o chionn fhada") a dh'fhosgail san Dàmhair 2023. Tha an taisbeanadh a' sealltainn cultar stuthan Tùsanach eachdraidheil à sgìre Shidni a tha gan cumail ann an taighean-tasgaidh taobh a-muigh Astràilia, agus thug e cothrom do choimhearsnachdan Tùsanach ceangal a-rithist ris na nithean agus eòlas agus tuigse a cho-roinn air mar a chaidh an dèanamh agus an cleachdadh.

## Egypt's Dispersed Heritage

Bha sinn nar com-pàirtiche anns a' phròiseact *Egypt's Dispersed Heritage*, a tha air a mhaoineachadh le AHRC, agus fo stiùir Colaiste Oilthigh Lunnainn, a cho-roinn fiosrachadh mu sgapadh nithean bho chladhach Breatannach san Èiphit agus a chruthaich cothroman airson conaltradh le coimhearsnachdan Èipheiteach an latha an-diugh. Cho-roinn sinn cruinneachaidhean agus eachdraidh cruinneachaidh le buidhnean sgoile agus oilthighean Èipheiteach, agus chuir sinn ri co-obrachadh le luchd-ealain Èipheiteach. Chithear iad air duilleag-lìn a' phròiseict, a tha cuideachd ri fhaighinn ann an Arabais Èipheiteach. Thog tachartasan aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mothachadh air ùidh na h-Èiphit na sheann dualchas, agus chrìochnaich am pròiseact le deasbad panail aig an Taigh-tasgaidh le neach-rannsachaidh a' phròiseict Heba Abd el Gawad agus an neach-ealain Mohammed Nasser, sa Chèitean 2023.

## Fear-tàileisg Leòdhais

Chaidh aon de dh'Fhir-tàileisg Leòdhais – neach-faire no rook le claidheamh, sgiath agus clogaid – a thoirt air iasad don Musée des Beaux-Arts ann an Rouen, airson an taisbeanadh aca *Norman Connections*, a dh'fhosgail sa Ghiblean 2023.

## Usgaran-bràghad slige kelp

Chaidh dà usgar-bràghad shligean kelp, aon dhiubh a chaidh a shealltainn aig Taisbeanadh Eadar-nàiseanta 1862, a thoirt air iasad do Thaigh-tasgaidh agus Gailearaidh Ealain Tasmania, airson an taisbeanadh aca *taypani milaythina-tu: Return to Country*, a dh'fhosgail san Dàmhair 2022.

## A' sgaoileadh sgeulachdan

Tha na nithean agus na taisbeanaidhean againn a' ruighinn luchd-amais eadhon nas fharsainge air tro thaisbeanaidhean siubhail agus iasadan

Tro iasadan agus taisbeanaidhean siubhail, tha sinn air an Cruinneachadh Nàiseanta a thoirt gu luchd-amais ùr air feadh na h-Alba agus na RA san fharsaingeachd.

Chaidh *Audubon's Birds of America* air chuairt gu Compton Verney ann an Siorrachd Warwick bho 1 Iuchar gu 1 Dàmhair 2023. Tha an taisbeanadh a' sealltainn 46 pleataichean bho aon de na leabhraichean tearc as ainmeil agus as luachmhoire san t-saoghal, *Birds of America* le Iain Seumas Audubon (1785–1851).



Bha 2,617 nithean bhon Chruinneachadh Nàiseanta air iasad do bhuidhnean air feadh na h-Alba. Tha seo a' toirt a-steach 18 nithean air iasad do V&A Dhùn Dè airson an taisbeanadh Tartan, a dh'fhosgail sa Ghiblean 2023. A' chiad taisbeanadh mòr san RA a rannsaich an cuspair seo, bheachdaich e air dealbhadh agus dearbh-aithne, a' sgrùdadh eachdraidh agus cleachdadh aodach suaicheanta na h-Alba bhon bhreacan as tràithe gu fasan an latha an-diugh.

Annas a' Ghiblean 2023 thug sinn iasad de chinnean à Adabrog bho anmoch ann an Linn an Umha, agus claidheamh umha le làmh adhairc bho Àird Dhail, a bhith nam prìomh phàirt den taisbeanadh An Tilleadh aig Comunn Eachdraidh Nis ann an Eilean Leòdhais.

Chaidh ìomhaigh shnaighte bhon chruinneachadh againn a thoirt air iasad do Institiud Henry Moore ann an Leeds airson an taisbeanadh aca The Weight of Words, a dh'fhosgail air 7 Iuchar 2023. Tha Standing Heech le Parviz Tanavoli a' riochdachadh cuid de phrìomh chuspairean an taisbeanadh, gu sònraichte sgrìobhadh ann an trì tomhasan.

Chaidh mantua sìoda buidhe a thoirt air iasad gu na Lùchairtean Rìoghail Eachdraidheil còmhla ri seacaid-bheag bhon 18mh linn airson an taisbeanadh aca Crown to Couture a dh'fhosgail sa Mhàrt 2023. Chaidh am mantua a chaitheamh le Eilidh Robasdan à Ladykirk aig bàlla aig Lùchairt Taigh an Ròid ann an 1760.

Chaidh còrr is 60 nithean bho Linn Ùr na Cloiche, Linn an Umha agus na Meadhan Aoisean sna cruinneachaidhean againn a thoirt air iasad gu Taigh-tasgaidh Chille Mhàrtainn ann an Earra-Ghàidheal, an treas cuid de na stuthan a tha iad a' taisbeanadh. Nam measg tha usgar-bràghad finic lìomhte a lorgadh san sgìre mu 150 bliadhna air ais.

Chaidh nithean bho anmoch ann an Linn an Umha cuideachd, a' gabhail a-steach claidheamh, air iasad a Leòdhas – an t-àite far an deach an lorg còrr is ceud bliadhna air ais. Thèid stuthan bho chinnean a lorgadh ann an Adabrog a thaisbeanadh aig taigh-tasgaidh Chomunn Eachdraidh Nis ann an Nis.

## **Smaoineachadh ùr**

Tha rannsachadh ùr agus beachdan ùra air na cruinneachaidhean againn a' leudachadh ar n-eòlais agus ar tuigse

Tha rannsachadh ùr a' cleachdadh ar cruinneachaidhean air cuideachadh le bhith a' lorg fhreagairtean do sheann cheistean.

Chaidh faighinn a-mach gu bheil fosail bheag bhiodach a lorgadh o chionn còrr is 100 bliadhna dlùth-chàirdeach ri beathaichean a leasaicheadh gu bhith nan snàgaich mhòra itealaich ris an canar pterosaurs. Chaidh Scleromochlus taylori a lorg faisg air Eilginn agus bha e air a bhith aig teis-meadhan deasbaid mu dheidhinn an àite a bh' aige ann am mean-fhàs dhineosairean, pterosauran agus snàgaich eile.

Ach rinn sgioba saidheans fo stiùir a' Chom-pàirtiche Rannsachaidh Dr Davide Foffa, maoinichte leis a' Choimisean Rìoghail airson Taisbeanadh 1851, a' chiad ath-chruthachadh ceart de chnàmhnach a' bheathaich gu lèir – a' nochdadh mion-fhiosrachadh ùr a sheall mar a bha e dlùth-chàirdeach don pterosaur.

Tha na cruinneachaidhean againn nan goireas air leth luachmhor do luchd-rannsachaidh air feadh an t-saoghail agus a' cuideachadh le bhith a' sìor leudachadh eòlas agus tuigse.

Rinneadh ceithir bùthan-obrach air cruinneachaidhean bith-chultarach eachdraidheil à Somalia, Astràilia an Iar agus Braisil fo stiùir Àrd-neach-ghlèidhidh Oceania, an Dr Ali Clark, agus an t-Àrd-ollamh Mark Nesbitt bho Ghàrraidhean Luibh-eòlais Rìoghail, Kew, le taing do

Thabhartas Lionra AHRC. Tro People and Plants: Reactivating Ethnobotanical Collections as Material Archives of Indigenous Ecological Knowledge, thugadh còmhla luchd-eòlais dùthchasach, coimhearsnachdan eilthireach, proifeiseantaich taigh-tasgaidh, acadaimigich agus luchd-ealain gus buntainneachd chultarail is àrainneachdail chruinneachaidhean eitno-luibheach san latha an-diugh a thuigsinn agus mar a thèid an cur an sàs san àm ri teachd.

Mar phàirt den phròiseact Entangled Knowledges, maoinichte le ARC, shiubhail an Dr Ali Clark agus an Dr Anndra Kitchener, Prìomh Neach-gleidhidh, Druim-altaich, gu Albany, Astràilia an Iar. Ann an co-obrachadh le coimhearsnachd Menang Nyungar, tha iad ag ath-mhìneachadh cruinneachaidhean nàdair agus eitneòlais a thugadh seachad leis an Leas-Oifigear Commissariat san 19mh linn, an t-Albannach Raibeart Neill.

Ann an Dùbhlachd 2022 thòisich ar pròiseact dà-bhliadhna gus clàradh a dhèanamh air cleachdadh a tha a' dol à bith: shu, fighe aodach clòimhe le làimh, à sgìre Chitral ann an ceann a tuath Phacastan. Tha an t-eòlas, na sgìlean agus na deas-ghnàthan sòisealta co-cheangailte ri dèanamh shu ann an cunnart ri linn atharrachaidhean sa ghnàth-thìde, sluagh nam bailtean beaga a' fàs nas sine, agus dìth ùidh ann an sgìlean ciùird am measg nan ginealach as òige. Bidh am pròiseact seo, maoinichte leis a' Phrògram Endangered Material Knowledge, a' clàradh, tro fhilm agus agallamhan, prìomh thaobhan teicnigeach agus cultarail de shu mar a tha beagan theaghlaichean ann an Chitral fhathast ga dhèanamh agus ga chumail.

Chaidh snaigheadh àrsaidh Èipheiteach anns a' chruinneachadh againn, a bha air a bhith na cheist mhòr do luchd-rannsachaidh airson deicheadan, a mhìneachadh mu dheireadh thall. Tha e coltach gu bheil an ìomhaigh a' sealltainn duine air a ghlùinean a' cumail leanabh pharaoh na ghàirdeanan. A rèir riaghailtean neo-sgrìobhte seann shnaigheadh Èipheiteach, cha robh cead ann daoine cumanta a shealltainn còmhla ris an rìgh, agus bhiodh e toirmisgte ìomhaigh mar seo a chruthachadh.

Rannsaich Àrd-neach-glèidhidh na Seann Mara Mheadhan-thìrich, an Dr Mairead Maitland, sgrùdadh air obraichean eile bhon aon làraich agus chomharraich i gur e duine a' toirt seachad ìomhaigh de dhia-rìgh beò a bh' ann. Dh'adhbhraich seo gun do lorg i seòrsa ìomhaigh nach robh aithnichte roimhe: urram ainneamh air a bhuileachadh air oifigearan a bha os cionn Deir el-Medina, coimhearsnachd/baile luchd-togail uaignean rìoghail.

Bha an Dr Maitland cuideachd na pàirt de thachartas airson Mìos Eachdraidh Dhaoine Dubha a sheall ri mar a bheir ath-bhreithneachadh air beachdan colonachaidh bhon 19mh agus san 20mh linn seallaidhean ùra air seann chultar na h-Èiphit. Chaidh Ancient African Queens: New Perspectives on Black History a chumail air-loidhne san Dàmhair 2022 le òraidean bhon Dr Solange Ashby, Caidreabh Iar-dhotaireil a' Chinn-suidhe aig Oilthigh Chalifornia, Los Angeles, agus an t-Àrd-ollamh Katherine Harloe, Stiùiriche Institiud Sgrùdaidhean Clasaigeach, Sgoil Sgrùdadh Adhartach, Oilthigh Lunnainn.

## **Cùram do chruinneachaidhean**

Bidh teicneòlas ùr-nodha agus dòighean glèidhteachais ùr-ghnàthach a' dèanamh cinnteach gu bheil na nithean againn air an gleidheadh airson nan ginealaichean ri teachd

Tha uidheamachd saidheans ùr-nodha gar cuideachadh gus barrachd fhaighinn a-mach mu na cruinneachaidhean againn le bhith ag adhartachadh rannsachadh, ìomhaigheachd agus didseatachadh aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Chaidh siostam X-ray ùr a chur a-steach anns na deuchainn-lannan saidheans anailiseach gus ar comas ìomhaigheachd a chur am meud, le taing do thabhartas bho Chomhairle Rannsachaidh nan Ealain is nan Daonnachdan / Rannsachadh is Ùr-ghnàthachadh na RA (AHRC UKRI).

Tha e a' toirt a-steach miocroscoip didseatach àrd-phongalachd ùr, aonad X-ray coimpiutairichte a ghabhas a chleachdadh gus nithean mòra a sgrùdadh, agus miocroscoip eileactroin sganaidh le bruthadh caochlaideach.

Ann an com-pàirteachas leis an Taigh-tasgaidh Eachdraidh Nàdarra, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na Cuimrigh agus Taighean-tasgaidh Nàiseanta Èirinn a Tuath, fhuair sinn cuideachd airgead bho Riaghaltas na RA gus uidheamachd ìomhaigheachd ùr a cheannach, mar phàirt de phrìomh iomairt nàiseanta a tha ag amas air 134 millean sampall saidheans nàdarra a chur ann an cruth didseatach air feadh na RA san ath dheich bliadhna.

Tràth ann an 2023 rinn an sgioba Glèidhteachas Innleadaireachd glanadh agus obair càraidh air na h-einnseanan mòra a tha air an taisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Chaidh luchd-obrach Eòlas Luchd-tadhail a thrèanadh gus na h-einnseanan beam Newcomen agus Boulton is Watt a ruith, a' toirt cothrom do luchd-tadhail faicinn mar a bhios iad ag obair.

Thòisich luchd-glèidhidh cuideachd air pròiseact gus cùram a thoirt air na trì itealain mhòra a tha gan taisbeanadh taobh a-muigh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-itealaich: an de Havilland Comet, am BAC1 11 agus an Avro Vulcan. Tha an obair seo a' cuimseachadh air seasmhachd taobh a-muigh itealain, a' dèiligeadh ri cùisean a tha ag èirigh bho uisge agus meirge. Tha obair a' toirt a-steach leithid ath-sheuladh sgiathan a' Chomet agus dèiligeadh ri meirge air fo-charbad an Vulcan. Chuir an sgioba dòigh innleachdach an sàs nuair a chleachd iad space-hopairean gus an Comet a dhìon bho uisge fhad 's a chaidh na h-uinneagan a thoirt air falbh airson obair glèidhteachais.

## **Seasmhachd**

Tha ar n-obair air ar stèidheachadh mar ghoireas cliùiteach airson tuigse fhaighinn air bith-iomadachd agus dùbhlain gnàth-thìde

Am-bliadhna, thog dhà de na taisbeanaidhean againn mothachadh mu cho cudromach 's a tha seasmhachd agus a' bhuaidh a tha aig atharrachadh gnàth-thìde.

Mar phàirt den taisbeanadh Rising Tide aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, chaidh mu 400 sgeoldair a chruthachadh à botail phlastaig. Chaidh iad a dhèanamh aig trì bùthan-obrach an-asgaidh do theaghlach, agus le saor-thoilich bho Cholaiste Ealain Dhùn Èideann is an Welcoming, agus chleachd an neach-ealain Seòras Nuku iad san stàladh aige, Bottled Ocean 2123.

Bha Pròiseact Òigrìdh is Cloinne Pilton ann an Dùn Èideann a Tuath cuideachd an sàs san stàladh agus ghabh iad pàirt ann am bùthan-obrach ionnsachadh a-muigh agus ealain air a' chuspair seasmhachd mus do rinn iad co-obrachadh leis an neach-ealain.

Tha Rising Tide a' togail mothachadh air buaidh plastaig air an àrainneachd, agus airson plastaig aon-chleachdaidh a lughdachadh thar ar làraich gu lèir, chaidh botail phlastaig a thoirt a-mach às na bùthan agus na cafaidhean againn. Chaidh gocan ùra a chur a-steach ann an Talla Inntigidh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson luchd-obrach agus luchd-tadhail gus na botail uisge ath-chleachdaidh aca a lìonadh, agus ann an seòmraichean-fois an luchd-obrach.

Chaidh luchd-iomairt gnàth-thìde agus luchd-dealbhaidh eco VIN+OMI a choimisneanadh gus pìos a chruthachadh airson ar taisbeanaidh Beyond the Little Black Dress.

Rinneadh an dreasa dhrùidhteach seo le stuthan a bha a' gabhail a-steach deanntagan agus bian eich bho oighreachd Highgrove an Rìgh Teàrlaich agus tha am facal 'RESIST' air ann an litrichean mòra.

Bidh an luchd-dealbhaidh a' leasachadh dhòighean air an stiùireadh le nàdar airson aodach a dhèanamh, a' cur cuideam air seasmhachd, agus ag obrachadh a-mach an fhìor lùth a

thathas a' cleachdadh ann a bhith a' cruthachadh am piosan – eadhon an àireamh chalaraidhean a thathas a' losgadh.

Bidh na cruinneachaidhean againn cuideachd a' cuideachadh luchd-rannsachaidh a' lorg atharrachaidhean san t-saoghal nàdarra agus a' leudachadh ar tuigse mun àrainneachd gus an urrainn dhuinn taic a chur ri àm ri teachd nas seasmhaiche.

Tha eisimpleirean de sheilleanan-mòra a' dol air ais gu 1990 air cuideachadh le bhith a' nochdadh buaidh atharrachadh gnàth-thìde orra.

Dh'obraich luchd-rannsachaidh le lionra de luchd-ghlèidhidh eòlas mheanbh-fhrìdean agus luchd-rannsachaidh oilthigh thar na RA, a' gabhail a-steach Ashleigh Whiffin, Neach-ghlèidhidh Cruinneachadh Ginteil Mheanbh-fhrìdean Pelham-Clinton, agus Priomh Neach-ghlèidhidh nan Neo-dhrum-altachan, an Dr Vladimir Blagoderov.

Rinn iad sgrùdadh air atharrachaidhean ann an cumadh sgiathan nan seillean – tha barrachd neo-chunbhalachd eadar sgiathan na fhianais gu bheil na biastagan air a bhith a' fulang – agus lorg iad ceangal ri bliadhnaichean nas teotha agus nas fliche. Thathas an dòchas gun cuidich an rannsachadh planaichean glèidhteachais san àm ri teachd.

Tha an cruinneachadh againn de chòrr air 4,000 mucan-mara, leumadairean agus pèileagan na stòr eòlais mu bheatha nar cuantan agus tha e air cuideachadh le bhith ag aithneachadh atharrachaidhean àrainneachdail. Am measg shampall ùra bha fear a chaidh ainmeachadh gu ceàrr mar mhuc-mhara cheann mhòr fhad-iteach, a tha cumanta timcheall costa na RA. Chaidh againn air sealltainn gur e a bh' ann ach muc-mhara cheann mhòr ghearr-iteach, a' riochdachadh a' chiad tighinn gu tìr den ghnè ann am Breatainn air a bheil fios.

Mar as trice lorgar a' mhuc-mhara ann an cuantan nas blàithe nas fhaide deas agus tha an lorg a' nochdadh gu làidir gu bheil atharrachadh gnàth-thìde agus eag-eòlais air pàirt a ghabhail san t-slighe aige gu tuath.

Tha an cruinneachadh againn de mhaothran reòta na phàirt de lionra Bhith-bancaichean ainmh-eòlais san RA a bhios a' cur ri rannsachadh agus glèidhteachas gnè. Tha an uiread fiosrachaidh anns a' Bith-banca againn a' sìor fhàs, agus tha maothran bho na fèidh as sine air a bheil fios againn a-nis air a chur ris. Bha Thistle beò còrr is 28 bliadhna agus tha an gineom gu lèir aice cuideachd air a chlàradh le pròiseact Darwin Tree of Life (DToL), a' toirt cothrom do luchd-rannsachaidh faighinn chun chòd ghinteil iomlan aice. Tha a craiceann agus a cnàimhneach air an gleidheadh anns a' chruinneachadh againn a bharrachd air sampall fèithe anns a' Bith-banca againn. A bharrachd air sin, chuir ar luchd-ghlèidhidh ann am Bith-eòlas Neo-dhrum-altachain 72 gnè bhiastagan eile ris a' phròiseact DToL.

Anns an Fhaoilleach, chaidh Winterwatch BBC2 a chraoladh beò bho mhullach Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, le deasbad air pròiseact rannsachaidh làithreach air daithead sionnaich ann am bailtean agus air an dùthaich agus iomradh air ar pròiseact bith-iomadachd aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Agus ann an co-obrachadh le Urras Foghlaim Rìoghail na Gàidhealtachd, chuir sinn fàilte air sia bun-sgoiltean ann an Cille Bhrìghde an Ear gu Latha Bidh is Tuathanachais aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail sa Mhàrt 2023 gus ionnsachadh bho thuathanaich ionadail mu chleachdaidhean tuathanachais seasmhach.

Tha ar prògram leasachadh àrainn agus sgrùdadh bith-iomadachd a' leantainn aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta le còrr air 350 gnè clàraichte gu ruige seo. Tha ar com-pàirteachas o chionn ghoirid le BIOSCAN, iomairt còd-bàir DNA nàiseanta a tha ag amas air biastagan itealaich, a' cur ris an obair seo. Chaidh ribe ùr a chur a-steach air an fhearann sa Chèitean 2023, le sampail air an cruinneachadh dà uair sa mhìos. Cho math ri cur ris an obair sgrùdaidh againn fhìn air an làraich, bheir an dàta a thig à sin seachad bun-

loidhne fiosrachaidh air iomadachd gnè bhiastagan thar ùine is àite, a bhios na ghoireas airson bith-sgrùdadh DNA san RA.

Chaidh pumpa teas stòr-èadhair ùr a chur a-steach aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich sa Ghearran 2023. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an Taigh-tasgaidh a-nis saor bho gach meadhan teasachaidh stèidhichte air hydrocarbon agus gu tur an eisimeil stòran làn ath-nuadhachail, a lughdaicheas ar sgaoilidhean carboin còrr is 70 tunna sa bhliadhna.

Tha an obair seo a' tachairt mus tèid ar Ro-innleachd Seasmhachd a chur air bhog an ath-bhliadhna, a mhìnicheas na h-ath cheumannan nar slighe gu neoni lom agus a bheir, aig an aon àm, ar luchd-amais an sàs ann an cuspairean atharrachadh gnàth-thìde agus call bith-iomadachd tro ar cruinneachaidhean, rannsachadh agus prògraman.

### **TAPADH LEIBH DO AR LUCHD-TAICE 2023**

Tha sinn air leth taingeil don a h-uile neach agus buidheann a thug taic do na taighean-tasgaidh againn am-bliadhna. Tha iad air a dhèanamh comasach dhuinn ar cruinneachaidhean a ghleidheadh, rannsachadh a dhèanamh air na sgeulachdan air cùl nan nithean a tha againn nar cùram agus Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a dhèanamh ruigsinneach dha na h-uile tro ar taisbeanaidhean agus prògram thachartasan is ghnìomhan, an dà chuid aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne.

Prìomh Mhaoineachadh

Riaghaltas na h-Alba

Luchd-tabhartais, Pàtranan agus Luchd-taic

Ailean agus Karen Aitchison

Maoin Ealain

Riaghladh Tasgaidh Artemis LLP

Fondas ASAC

Manaidsearan Tasgaidh Baillie Gifford

Geoffrey agus Màiri Ball

Patricia Barclay

Seòras Borthwick CBE agus Milly Borthwick

Calum agus Kira Bowie

Màiri Bownes OBE agus Mike Greaves

Risearb Burns agus Catriona Burns

Sìne, Marchioness Bhòid

Morair agus Baintighearna Camshron Loch Bhraoin

An teaghlach Carlson agus Beckett

Corinne Cervetti agus Àdhamh Fowler  
Fiona agus Scott Christie  
Companaidh Luchd-obrach Clòtha  
Sir Sandy agus a' Bhaintighearna Crombie  
Fondas Cruden  
Cailean Dempster agus Deborah NicThòmais  
Bettina agus Peadar Druimeanach Hay  
Leslie B Durst  
Comann Ealain Sgeadachaidh is Chruthachail Dhùn Èideann  
Sir Daibhidh agus a' Bhaintighearna Eideard  
Dianne agus Jeb Embree  
Iain agus Judith Evans  
Nick Felisiak  
Seumas Fearghasdan  
Mgr and B.Ph H B Field  
Britheamh Aonghas Foster agus an t-Oll Fionnghal Foster  
Iain agus Mairead Fox  
Sir Teàrlach agus a' Bhaintighearna Fhriseal  
Seumas Garden CBE agus Amanda Garden  
Stanley agus Gloria Garnett  
Tòmas Gauld  
Gavin Gemmell CBE agus Ceit Gemmell  
Graeme agus Claire Gibson  
Gillespie Macandrew LLP  
A' Bhaintighearna Ghrannnd  
Alasdair Gray  
Coinneach agus Julia Greig  
Flure Grossart  
A' Bhaintighearna Gay Grossart  
Erin Hennessy agus Eòsaph MacDhaibhidh  
J Dùghlas Home  
Morair agus Baintighearna Hope Craighead  
Flòraidh Nic an t-Sealgair  
Ailean M Maclain

Raibeart Ker

Sine agus Barrie Lambie

Brian Lang CBE agus Tari Lang

Gavin Law agus Joanne NicIleathain-Law

Lynda Logan

Donnchadh agus Ellie NicFhionghain

Sim agus Catriona Nic an Tòisich

Sir Hamish MacLeòid KBE agus a' Bhaintighearna NicLeòid

Iain agus Ealasaid Marchant

Chris Masters CBE agus Gill Masters

An t-Àrd-oll. Alasdair MacColla Mac a' Ghobhainn CBE agus Dr Ealasaid NicColla Nic a' Ghobhainn

W Ken McCracken agus Stacie Styles

Raibeart agus Fulvia McCrie

Miller agus Anna NicIleathain

Seumas MacIlnnein

Aonghas MacLeòid agus Caimbeul Armor

Calum MacLeòid CBE

Anne McMenigall

Seumas Mac a' Mhuilleir CBE

Cè Miller CBE agus Lee Miller

Sir Ragnall Mac a' Mhuilleir CBE agus a' Bhaintighearna Nic a' Mhuilleir

Brus Minto OBE agus Caroline Minto

Morton Ward

Calum Moireach CBE agus Muriel Mhoireach

Tormod agus Pam Moireach

Urras Carthannach Nancie Massey

Maoin Cuimhneachaidh an Dualchais Nàiseanta

Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta

Urras Carthannach Nimar

Walter Nimmo CBE agus Norma Nimmo

Cluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh

Sine agus Pierre du Pont

Sir Uilleam Purves CBE agus a' Bhaintighearna Purves

Mike agus Carol Ramsay  
Sir Iain Rankin OBE agus Miranda Harvey  
RBC Brewin Dolphin  
Paul Roberts agus Stephanie Donaldson  
Cailean Ros agus Hilary Ros  
Urras Carthannach Row Fogo  
Fionnghal agus Iain Ruiseal CBE  
Robert agus Toland Sherriff  
Baran agus Bana-bharan Pentland  
Frances Steel  
Dàibhidh MacSteafain CBE agus Alix NicSteafain  
Gracey Luckett Rankin Stoddard  
Iain Sword CBE agus Flòraidh Sword  
Anndra agus Màiri Telfer  
Companaidh Glenmorangie Earr.  
Urras Carthannach Cheannadaich  
Urras Carthannach Murdoch Forrest  
Fondas Negaunee  
Nick agus Catriona NicThòmais  
Susie NicThòmais  
Seumas agus Sarah Troughton  
Corpachadh Aonaichte Caibeal Naoimh Moire  
Marcas Urchardan  
Iain Wall  
Sarah Whitley agus Greum Mac Ille Bhàin  
Fondas KT Wiedemann  
Fondas Uilleim Ghrannnd  
Eilidh Wiseman  
Bill Zachs agus Màrtainn MacÀdhaimh  
  
Dileaban  
  
Oighreachd na Mna Uasail Sine Guild



Buill Taighean-Tasgaidh na h-Alba agus a h-uile duine nach eil airson gun tèid an ainmeachadh

Bòrd Urrasairean

Iain Ruiseal CBE, Cathraiche

Anna Allen MBE

An t-Àrd-oll Màiri Bownes OBE

Motaram Mimi Brophy

Àdhamh Brusach

An t-Àrd-oll Monojit Chatterji – air a chur an dreuchd 1 Giblean 2023 Graeme Gibson

Stephen Gordon-Dando – air a chur an dreuchd 1 Sultain 2022

Dr Brian Lang CBE – thàinig a theirm gu crìch 31 Màrt 2023

Lynda Logan – thàinig a teirm gu crìch 31 Lùnastal 2022

Dr Catriona NicDhòmhnaill – thàinig a teirm gu crìch 31 Màrt 2023

Dr Bridget NicConaill CBE – air a cur an dreuchd 1 Giblean 2023

Beth McKillop – air a cur an dreuchd 1 Sultain 2022

Seònaid NicSteafain

An t-Àrd-oll Iain Wall

Eilidh Wiseman – thàinig a teirm gu crìch 31 Lùnastal 2022

Dr Laura N Young MBE

Urrasairean Urras Carthannach Taighean-tasgaidh h-Alba

Seumas Fearghasdan, Cathraiche

Crìsdean MacThòmais, Rùnaire

Jo Elliot

Coinneach Greig

Iain Ruiseal CBE

Lindsay Scott

Màrtainn Mac na Ceàrdaich

Dr Laura N Young MBE

Bòrd Fondas Ameireaganach Thaighean-tasgaidh na h-Alba

Lynda Logan, Cathraiche

Iain Fox

Crìsdean Gow

Raibeart Sherriff

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' gabhail cùram de chruinneachaidhean taigh-tasgaidh a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, gan taisbeanadh agus gam mìneachadh airson luchd-amais farsaing

Creideas an deilbh rim faighinn aig [www.nms.ac.uk/review](http://www.nms.ac.uk/review)

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail

Taigh-tasgaidh Nàiseanta nan Cogadh

Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Faic ar Làn Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan aig: [www.nms.ac.uk/review](http://www.nms.ac.uk/review)

Tha tionndadh Beurla den Lèirmheas seo ri fhaighinn aig: [www.nms.ac.uk/review](http://www.nms.ac.uk/review)

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Sràid Chambers, Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789      [info@nms.ac.uk](mailto:info@nms.ac.uk)      [www.nms.ac.uk](http://www.nms.ac.uk)

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Àireamh carthannais Albannach SC011130

Gheibhear an Lèirmheas seo cuideachd ann an clò mòr, Braille agus air CD.